

1540/406

TEISTEAN AIS DIHAOINE, 20 CÈITEAN
NÀISEANTA 1.00 F – 2.45 F
2011

EACHDRAIDH
AN ÌRE CHOITCHEANN
Sàr Ìre

Freagair ceistean à Aonad 1 **agus** Aonad II **agus** Aonad III.

Tagh **aon** Cho-theacsa a-mhàin às gach Aonad agus freagair Pàirtean A **agus** B. Tagh na Co-theacsainchean a tha thu air a bhith ag ionnsachadh. Innsidh am freiceadan dhut dè an fheadhainn a tha sin.

Seo na Co-theacsainchean anns gach Aonad:

- | | |
|---|----------------|
| Aonad I—Atharrachadh Dòigh Beatha an Alba 's am Breatainn | |
| Co-theacsa B: 1830an–1930an | Duilleagan 4–5 |
| Co-theacsa C: 1880an–An latha an-diugh | Duilleagan 6–7 |

Unit II—Co-Obrachadh agus Còmhstri Eadar-Nàiseanta

- | | |
|-----------------------------------|----------------|
| Co-theacsa A: 1890an–1920an | Duilleagan 8–9 |
|-----------------------------------|----------------|

Unit III—Sluagh agus Cumhachd

- | | |
|---|------------------|
| Co-theacsa C: An Ruis 1914–1941 | Duilleagan 16–17 |
| Co-theacsa D: A' Ghearmailt 1918–1939 | Duilleagan 18–19 |

Cùm àireamhan nam freagairtean a rèir àireamhan pàipear nan ceistean.

Tha cuid de na stòran air an atharrachadh beagan no air an eadar-theangachadh.

AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S AM BREATAINN**CO-THEACSA B: 1830an–1930an****PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE**

Chaidh àireamh an t-sluagh suas ann an Alba eadar na 1830an agus na 1930an.

(Stiùireadh: airson a' cheist a fhreagairt, bu chòir dhut aiste ghoirid a sgrìobhadh anns am bi grunnan pharagrafan, le ro-ràdh agus co-dhùnad.)

1. Dè cho cudromach 's a bha **AON** dhiubh seo mar adhbhar airson mar a chaidh àireamh an t-sluagh suas ann an Alba eadar na 1830an agus na 1930an:

(a) daithead na b' fheàrr agus barrachd bìdh? 8

NO

(b) cungaidhean-leighis agus cùram meidigeach na b' fheàrr? 8

PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH**Seo an cuspair rannsachaidh:**

Thug teicneòlas na b' fheàrr air na tuathanasan buannachdan do shluagh na h-Alba.

**Sgrùd na stòran gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas.
Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Ann an **Stòr A** tha a' Bh-ph Belle Lindsay a' cuimhneachadh air mar a bha cùisean nuair a thòisich i ag obair air tuathanas ann am Meadhan Lodainn ann an 1910.

Stòr A

Nuir a dh'fhàg mi an sgoil, thòisich mi ag obair air tuathanas. Bhithinn ag obair bho shia sa mhadainn gu sia feasgar, dìreach coltach rim athair. Bha mi ag obair sia latha san t-seachdain airson dìreach beagan thastan. Gu math tric, bha mi a' faireachdann gum bu thoigh leam teicheadh. B' e cur thuineap a' chiad rud a bh' agam ri dhèanamh. Bha an t-inneal air a tharraing le eich agus, mar sin, bha an obair aotrom. Chan fheumadh tu ach coiseachd sìos is suas, a' lionadh an inneil le fras. Bha àm na buana uabhasach sgìtheil; b' e obair chruidh a bh' ann a bhith a' cur nan sguaban suas le forc fad an latha. An uair sin, cha robh a leithid de rud ann ri làithean-saora an t-samhraidh, cha robh fiù 's aon latha.

2. Dè cho feumail 's a tha **Stòr A** ann a bhith a' rannsachadh mun bhuaidh a bh' aig teicneòlas na b' fheàrr air na tuathanasan air sluagh na h-Alba?

Tha **Stòr B** air a thogail à “Agrarian Britain 1700–1980” a sgrìobh Simon Masson.

Stòr B

Bha mòran thuathanach a' ceannach innealan no gam fastadh airson tìde, feadhainn mar mhuilnean-bualaidh air an obrachadh le stiom agus innealan-buain. Bha iad a' creidsinn gun sàbhaileadh iad airgead dhaibh. Bhiodh e na bu daoire an obair a thoirt do luchd-obrach a bhiodh ga déanamh le corrain agus spealan. Bheireadh aon neach-obrach dà latha gu leth air acair de arbhar a bhuain, a cheangal agus a chruachadh. Dhèanadh inneal-buain an aon obair ann an leth-latha. Eadar 1838 agus 1880 chaidh toradh nan tuathanas suas 70%. Ach cha robh a h-uile tuathanach idir a' cleachdadhbh nan innealan ùra. Eadhon aig deireadh an naoidheimh linn deug, bha mòran de na seann dòighean fhathast gan cleachdadhbh ann an cuid de sgìrean. Cha tainig air tuathanasan-bainne ach beagan atharrachaidh.

Tha **Stòr C** air a thogail à “The Cornkister Days – A Portrait of a Land and its Rituals” a sgrìobh David Kerr Cameron.

Stòr C

B' e ùr-annas sgoinneil bha anns an inneal-cheangail. Dhèanadh e a h-uile dad a dhèanadh an t-inneal-buain ach aig an aon àm cheangaileadh e na sguaban mus sadadh e a-mach iad air an achadh-bhuana. Bha fir cho toilichte ri rìgh leis cho math 's a bha seo a' còrdadh riutha. Fhathast, bhiodh iad a' call an cadail leis an uallach a bh' orra gum faodadh e briseadh. Bha sgìrean fhathast ann an siorrhachd Obar Dheathain, suas chun nan 1930an, far am b' fheudar dhaibh na seann dòighean a chumail a' dol oir cha robh iad air chomas an treas each, a dh'fheumadh an t-inneal-ceangail, a chumail. An sin, b' iad na boireannaich air na tuathanasan a bhiodh a' ceangal nan sguaban. Cha robh iadsan cho dualtach briseadh.

Coimhead air Stòran A, B agus C.

3. Dè an fhianais a th' anns na stòran airson taic a thoirt don bharail **gun tug** teicneòlas na b' fheàrr air na tuathanasan buannachdan do shluagh na h-Alba?

Dè an fhianais a th' anns na stòran airson taic a thoirt don bharail **nach tug** teicneòlas na b' fheàrr air na tuathanasan buannachdan do shluagh na h-Alba? 6

4. Dè an ire gu bheil thu ag aontachadh gun tug teicneòlas na b' fheàrr air na tuathanasan buannachdan do shluagh na h-Alba?

Cleachd fianais **às na stòran** agus **an t-eòlas agad fhèin** gus **co-dhùnadhbh cothromach** a ruighinn. 5

[*CRÌOCH CO-THEACSA IB*]

AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S AM BREATAINN**CO-THEACSA C: 1880an—An latha an-diugh*****PAIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE***

Chaidh àireamh an t-sluaigh suas ann an Alba eadar na 1880an agus na 1980an.

(Stiùireadh: airson a' cheist a fhreagairt, bu choir dhut aiste ghoirid a sgriobhadh anns am bi grunnan pharagrafan, le ro-ràdh agus co-dhùnadadh.)

1. Dè cho cudromach 's a bha **AON** dhiubh seo mar adhbhar airson mar a chaidh àireamh an t-sluaigh suas ann an Alba eadar na 1880an agus na 1980an:

(a) daithead na b' fheàrr agus barrachd bìdh? 8

NO

(b) cungaidhean-leighis agus cùram meidigeach na b' fheàrr? 8

PAIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH**Seo an cuspair rannsachaidh:**

Thug teicneòlas na b' fheàrr ann an còmhail-rathaid buannachdan do shluagh na h-Alba.

Sgrùd na stòran gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas.

Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.

Tha **Stòr A** air a thogail à aithisg oifigeil air plana rathaidean airson Ghlaschu, Ògmhios 1965.

Stòr A

Tha an àireamh a tha a' ceannach agus a' cleachdadhbh innealan motair ann an Glaschu a' dol suas gu luath agus tha coltas air gum bi a thrì uimhir de chàraichean air rathaidean Ghlaschu ann an 1990. Tha a' bhuil ri faicinn mar-thà le sràidean loma-làn chàraichean agus gainne àiteachan-parcaidh. Tha còmhail ann an càraichean nas saoire a-nis agus tha seo cuideachd air cùisean a dhèanamh doirbh do dhaoine a tha a' ruith seirbheisean còmhail airson a' phobaill. Tha na trioblaidhean sin nas miosa ann am meadhan baile Ghlaschu air sàillibh na tha a' toirt chàraichean leotha do na bùthan anns na sràidean cumhang. Airson an trafaig a leasachadh, tha sinn a' moladh gun tèid iadh-rathad a thogail a-staigh sa bhaile, ach bidh sin cosgail.

2. Dè cho feumail 's a tha **Stòr A** ann a bhith a' rannsachadh mun bhuaidh a bh' aig teicneòlas na b' fheàrr ann an còmhail-rathaid air sluagh na h-Alba? 4

Tha **Stòr B** air a thogail às an leabhar “Motoring Mania” a sgrìobh Richard Sutton ann an 1996.

Stòr B

Air sàillibh dhòighean na bu shaoire air càraichean a thogail bha e na b' phasa do theaghach cumanta càr a cheannach. Bha barrachd thubaistean a' tachairt air na rathaidean; anns a' bhliadhna 1939 chaith còrr is 8,000 a mharbhadh air na rathaidean. Bha fiù 's na càraichean a bu shaoire a' sìor fhàs na bu shàbhailte agus breigichean air na ceithir cuibhlichean a' fàs na bu chumanta. Ach, leis na prìsean saora, thàinig rud nach robh againn roimhe - rathaidean air an tachdad le trafaig. Ann an 1967 bha na criosan-shuidheachan a dh'fheumadh a bhith ann an càraichean ùra agus, cuideachd, na deuchainnean-anail, air an reat-bàis air na rathaidean a ghearradh gu leth. Tha àireamh nan càraichean a' dol suas fhathast.

Tha **Stòr C** air a thogail às an leabhar “The Motoring Age, 1896–1939” a sgrìobh Peter Thorold.

Stòr C

Ann an 1938 bha 2·5 milleanan de innealan motair ann am Breatainn ach ann an 2001 bha faisg air 30 millean ann. Tha na càraichean air fàs mòran nas fheàrr le einnseanan nas mothà agus taobh a-staigh is taobh a-muigh eireachdail. Tha teaghach cumanta a-nis a' cosg barrachd air na càraichean aca na dad eile, eadhon biadh. Ach, tha na buannachdan a thig le càr nas cudromaiche na a' chosgais. Cha b' ann tric a bhiodh duine a' siubhal gu obair ann an càr ro 1939 ach sin an àbhaist an-diugh. Tha còrr is 80% de na bhios a' tadhal air bùthan a-nis a' dràibheadh thuca. Tha làraighean juggernaut air na rathaidean a mhilleadh ach tha iad air cosgais giùlain a ghearradh agus, air sàillibh sin, tha na prìsean nas ìsle anns na bùthan.

Coimhead air Stòran A, B agus C.

3. Dè an fhianais a th' anns na stòran airson taic a thoirt don bharail **gun tug** teicneòlas na b' fheàrr ann an còmhdhail-rathaid buannachdan do shluagh na h-Alba?

Dè an fhianais a th' anns na stòran airson taic a thoirt don bharail **nach tug** teicneòlas na b' fheàrr ann an còmhdhail-rathaid buannachdan do shluagh na h-Alba? 6

4. Dè an ìre gu bheil thu ag aontachadh gun tug teicneòlas na b' fheàrr ann an còmhdhail-rathaid buannachdan do shluagh na h-Alba?

Cleachd fianais **às na stòran** agus an **t-eòlas agad fhèin** gus **co-dhùnad** **cothromach** a ruighinn. 5

[CRÌOCH CO-THEACSA IC]

AONAD II—CO-OBRACHADH AGUS CÒMHSTRI EADAR-NÀISEANTA**CO-THEACSA A: 1890an–1920an****PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE**

Tharraing na rudan dràmadach a thachair ann an Sarajevo air 28 Ògmhios 1914 an Roinn Eòrpa gu cogadh.

1. Minich carson a thòisich a' Chiad Chogadh Mòr air sàillibh nam murt ann an Sarajevo. 4

B' e gas an t-inneal-cogaidh a bu chonnspaidiche a chaidh a chleachdadhe anns a' Chiad Chogadh Mhòr.

2. Thoir cunntas air mar a chaidh gas a chleachdadhe mar inneal-chogaidh anns a' Chiad Chogadh Mhòr. 4

PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Tha na stòran a leanas mu bheachdan eadar-dhealaichte a bha aig daoine mun Ghearmailt aig deireadh a' Chiad Chogaidh Mhòir.

**Sgrùd na stòran gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas.
Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Is e **Stòr A** pàirt de òraidi a rinn Sir Eric Geddes ann an 1918, a' riochdachadh Riaghaltas Bhreatainn.

Stòr A

Ciamar a bu chòir dhuinn dèiligeadh ris a' Ghearmailt? Tuigidh mi carson a tha an Fhraing ag iarraidh dioghaltas. Gu pearsanta, tha mise den bheachd gum bu chòir dhuinn nas urrainn dhuinn, agus is dòcha beagan a bharrachd, a thoirt às a' Ghearmailt – mar gum biomaid a' fàsgadh liomaid. Chan urrainn dhomh gnothach a ghabhail ris na daoine a bhiodh còir rithe. Chanainn gum bu chòir don Ghearmailt, chan e a-mhàin na th' aice de òr ach, cuideachd, na tha aice de airgead agus de sheudan, a thoirt seachad. Smaoinich air gach iobairt a rinn sinne. Dh'fhàgainn a' Ghearmailt cho lom 's a dh'fhàg i fhèin a' Bheilg. Chan eil teagamh nach e seo a tha iad airidh air.

3. Beachdaich air na barailean a bha aig ùghdar **Stòr A** air mar bu chòir dèiligeadh ris a' Ghearmailt aig deireadh a' Chiad Chogaidh Mhòir. 3

Tha **Stòr B** mu bhith a' dèiligeadh ris a' Ghearmailt aig deireadh a' Chiad Chogaidh Mhòir.

Stòr B

Bha gràin an uilc aig na Frangaich air na Gearmailitich agus bha iad ag iarraidh dioghaltas. Bha barail Wilson, Ceann-suidhe Ameireaga, calg-dhìreach an aghaidh sin. Bha esan a' smaoineachadh gum biodh e na b' fheàrr a' Ghearmailt a leigeil dheth le peanas beag. Bha e ag iarraidh air a h-uile duine diòchuimhneachadh mu dhìoghaltas agus smaoineachadh mun Ghearmailt a dhèanamh na pàirt de Roinn Eòrpa ùir shìtheil. Bha mathanas na nàdar, agus cha robh e a' faicinn feum sam bith ann a bhith a' togail sheann trodan no a' coimhead air ais. A thaobh Bhreatainn, bha Lyoyd George an àiteigin eadar an dà bharail sin.

4. Gu dè an ire nach eil **Stòran A** agus **B** ag aontachadh mu mar bu chòir dèiligeadh ris a' Ghearmailt aig deireadh a' Chiad Chogaidh Mhòir?

4

Tha **Stòr C** mun bhuaidh a bha aig Cùmhnant Versailles air a' Ghearmailt.

Stòr C

Bha dà phrìomh amas aig Cùmhnant Versailles. B' e a' chiad amas toirt air a' Ghearmailt pàigheadh airson na dh' fhuiling dùthchannan a' Chaidreachais agus, mar sin, chaill a' Ghearmailt a h-uile coloinidh a bha aice. Bha aice cuideachd ri sùim mhòr airgid a phàigheadh mar dhioladh, agus chaidh sin às dèidh làimhe a chur aig £6,600,000,000. B' e an dàrna amas dèanamh cinnteach nach biodh a' Ghearmailt air chomas a dhol a chogadh a-rithist agus, mar sin, chaill i am feachd-adhair aice. Chaill i cuideachd a h-uile bàta-aigeil a bha aice. Mar dhùthaich a bha air cogadh a chall, cha robh roghainn aice ach aontachadh ris na cùmhnantan sin a chaidh a chur oirre.

5. Dè cho slàn 's a tha an cunntas a tha **Stòran C** a' toirt air Cùmhnant Versailles?

Cleachd fianais **às an stòr** agus **an t-eòlas agad fhèin** agus thoir adhbharan airson do fhreagairt.

5

[*CRÌOCH CO-THEACSA IIA*]

AONAD III-SLUAGH AGUS CUMHACHD

CO-THEACSA C: AN RUIS 1914–1941

PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

Thòisich Ar-a-mach a' Ghearrain/Mhàirt 1917 cruth-atharrachadh na Ruis.

1. Thoir cunntas air na thachair anns an Ar-a-mach sa Ghearran/Mhàrt 1917. 4

B' e strì airson smachd fhaighinn air an Ruis a bha sa Chogadh Chatharra a mhair bho 1918 gu 1922.

2. Mìnich carson a bhuannaich an t-Arm Dearn an Cogadh Catharra. 4

PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Tha na stòran a leanas mu cho soirbheachail 's a bha na Planaichean Còig Bliadhna aig Stalin.

Sgrùd na stòran gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas.
Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.

Chaidh **Stòr A** a thogail às an leabhar “Russia and the USSR” a sgrìobh an t-eachdraiche Terry Fiehn, agus a chaidh fhoillseachadh ann an 1996.


Stòr A

Dh' ùraich na Planaichean Còig Bliadhna an USSR, ach b' ann le cosgais mhòir. Chaidh ionadan-gníomhachais mòra, mòra, leithid Magnitogorsk a thogail. Chuir an dàm àibheiseach air an Dnieper leasachadh math ri dealan na Sòibhiat. Chaidh mèinnean ùra phosgladh ann an Kazakhstan feuch am biodh barrachd guail aca. Bha Stalin a' stiùireadh a' phròiseis air fad. Ann am Moscow, chaidh sràidean leathann agus togalaichean fasanta a thogail far an robh, roimhe sin, caolshràidean cama, clachach. Fon mhòr-bhaile, bha siostam thrèanaichean cho adhartach 's a bha san t-saoghal. Chaidh gníomhachasan a chur air chois gu luath tron dùthaich. Cha robh an luchd-obrach measail air an smachd no air na cùmhnantan-obrach cruaidhe.

3. Dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air cho soirbheachail 's a bha na Planaichean Còig Bliadhna aig Stalin? 4

Tha **Stòr B** mu na Planaichean Còig Bliadhna aig Stalin.

Stòr B



РЕАЛЬНОСТЬ НАШЕЙ ПРОГРАММЫ
—ЭТО ЖИВНЕ ЖИДИ. ЭТО МЫ С ВАМИ.
НАША ВОЛЯ К ТРУДУ. НАША ГОТОВНОСТЬ
РАБОТАТЬ ПО-НОВОМУ.
НАША РЕАЛЬНОСТЬ ВЫПОЛНИТЬ ПЛАН.
—*И.Сталин*

B' e an Ruis ùrachadh prìomh amas nam Planaichean Còig Bliadhna agus canaидh cuid gun do rinn iad sin. Bha a' chìad Phlana Còig Bliadhna gu sònraichte an sàs ann an gnìomhachas agus siostam cumhachd na b' fheàrr a stèidheachadh. Bha barrachd guail agus cumhachd-dealain aca bliadhna air bhliadhna. Chaidh ionadan-gníomhachais mòra a thogail, leithid Chelyabinsk. Rinn Stalin cinnteach gun deach na h-atharrachaidhean sin a dhèanamh gu grad.

4. Dè an ire gu bheil **Stòran A** agus **B** ag aontachadh mu cho soirbheachail 's a bha na Planaichean Còig Bliadhna aig Stalin?

5

[CRÌOCH CO-THEACSA IIIC]

AONAD III—SLUAGH AGUS CUMHACHD

CO-THEACSA D: A' GHEARMAILT 1918–1939

PÀIRT A: EÒLAS AGUS TUIGSE

B' e ionnsaigh a rinn na Nadsaidhean air cumhachd a ghlacadh a bha ann am Putsch Mhunich no Putsch an Talla Leanna.

- Thoir cunntas air na thachair aig Putsch an Talla Leanna ann an 1923.

4

Bha e doirbh a bhith an aghaidh riaghlaigh nan Nadsaidhean anns a' Ghearmailt.

- Mìnich carson a bha e cho doirbh dad a dhèanamh an aghaidh an Riaghaltais Nadsaidhich an dèidh 1933.

4

PÀIRT B: SGILEAN RANNSACHAIDH

Tha na stòran a leanas mu cho cudromach 's a bha armalteachd anns a' Ghearmailt Nadsaidhich.

**Sgrùd na stòran gu faiceallach agus freagair na ceistean a leanas.
Cleachd an t-eòlas agad fhèin far a bheil e iomchaidh.**

Tha **Stòr A** air a thogail às an leabhar “Weimar Germany and the Third Reich” a sgriobh na h-eachdraichean J.F. Corkery agus R.C.F. Stone, agus a chaidh fhoillseachadh ann an 1980.

Stòr A

Bha an dòigh san robh an riaghaltas a' cumail rian air an luchd-obrach a' toirt cothrom dhaibh buaidh thaighinn air na h-eanchainnean aca. Ann an 1935 chaidh Seirbheis a' Chosnaidh a chur air chois. Bha seo a' ciallachadh gum feumadh a h-uile fireannach eadar 18 agus 25 sia mìosan a chur seachad ann an càmpaichean, an sàs ann an obraichean poblach. Bha an smachd anns na càmpaichean coltach ri smachd an airm. Bha inbhean sònraichte air an toirt do luchd-stiùiridh nan càmpaichean. Bhiodh na fir a' dèanamh drile le spaidean an àite raidhfilean. Bha Seirbheis a' Chosnaidh a' toirt cothrom don riaghaltas propaganda Nadsaidheach a sgaoileadh, a' togail air na bha na sgoiltean agus Òigridh Hitler air a dhèanamh roimhe sin. Bhathar ag iarraidh air an luchd-obrach a bhith a' smaoineachadh orra fhein mar “saighdearan cosnайдh”.

- Dè cho feumail 's a tha **Stòr A** mar fhianais air armalteachd anns a' Ghearmailt Nadsaidhich?

4

Tha **Stòr B** mu armailteachd anns a' Ghearmailt Nadsaidhich.

Stòr B



Dh'òrdaich Hitler gum feumadh a h-uile fireannach eadar 18 agus 25 sia mìosan seirbheis a dhèanamh ann an Roinn Seirbheis a' Chosnaidh. Bha obair air a toirt do na fir air sgeamaichean poblach, leithid togail mhòr-rathaidean. Ann an Roinn Seirbheis a' Chosnaidh, bha smachd an aim curomach agus cha robh crìoch a' tighinn air drileadh. Bha na fir sin air am brosnachadh gu bhith a' coimhead orra fhèin mar "saighdearan cosnaidh". Gach bliadhna, bhiodh miltean de na fir ann an Roinn Seirbheis a' Chosnaidh air an cur gu Ralaidh Nuremberg far am biodh Hitler gan sgrùdadadh.

4. Dè an ìre gu bheil **Stòran A** agus **B** ag aontachadh mu armailteachd anns a' Ghearmailt Nadsaidhich?

5

[*CRÌOCH CO-THEACSA IID*]

[*CRÌOCH PÀIPEAR NAN CEISTEAN*]

ACKNOWLEDGEMENTS

Credit Level Unit III Context A Source B—“The White League and the Ku Klux Klan: Worse than Slavery,” *Cartoon from Harper’s Weekly, 1874 by Thomas Nast.* Reproduced by permission of The Bridgeman Art Library.

Credit Level Unit III Context C Source B—Poster, “Stalin’s Five Year Plans,” is taken from www.soviethistory.org. Reproduced by kind permission of Mr James von Geldern.

Credit Level Unit III Context D Source B—Photograph of militarism in Nazi Germany. Unable to trace copyright holder.